

Ro bhreith...

is urrainn dhut diofar a dhèanamh –

Tha leanabanan ag ionnsachadh iomadh seòrsa rud mus eil iad air am breith...

12-16
seachdainean

- Tha mi a' cluinntinn buile-cridhe agus anail Mamaidh.
- Is toil leam a bhith a' gluasad – bidh an aileag orm uaireannan!

16-20
seachdainean

- Tha mi a' cluinntinn do ghuth agus fuaimean eile.
- Tha na làraich-chorraige agam fhèin agam.

20-24
seachdainean

- Tha mi ag aithneachadh nan guthan as trice a chluinneas mi.
- Ma ghnogas Mamaidh a mionach dùisgidh mi.

24-28
seachdainean

- Tha mo chridhe a' bualadh nas luaithe nuair a chluicheas tu ceòl dhomh.
- Tha mi a' tòiseachadh a' deocadh m' òrdaig – bidh seo gam chuideachadh nuair a bhios mi a' gabhail deoch a-rithist.

28-32
seachdainean

- Tha mi a' cluinntinn an diofair eadar fuaimean a tha cruaidh is bog, àrd is ìosal.
- Às dèidh mo bhreith bidh cuimhn' agam air a' cheòl a bhios tu a' cluiche dhomh an-dràsta.

32-36
seachdainean

- Is urrainn dhomh gluasad ri ruitheam a' chiùil as fheàrr leam.
- Nuair a shuathas Mamaidh a mionach fairichidh mi e.

36-40
seachdainean

- Is aithne dhomh guthan nan daoine a bhios a' bruidhinn is a' seinn rium tric.
- Tha m' aodann a' sealltainn ma tha mi a' faireachdainn toilichte, brònach no greannach.



Air a leasachadh le Leigheas Cainnte is Cànan,
Cùram agus Ionnsachadh



Cainnt leanaibh...

– Bidh mi ag ionnsachadh nuair a bhios mi a’ cluiche còmhla riut –

An toiseach bidh do leanabh...

A’ tòiseachadh a’ dèanamh gàire,
a’ dèanamh fiamh-ghàire agus bidh
i air bhioran nuair a chluicheas sibh
geamaichean còmhla.

A’ tòiseachadh ri fuaimean a dhèanamh
agus a’ bruidhinn air ais riut.

A’ tionndadh thugad is a’ coimhead ort
nuair a bhios tu a’ bruidhinn rithe.

A’ dèanamh atharrais air coltas
d’ aodainn.

Nas anmoiche, ’s dòcha gum bi do leanabh...

A’ tionndadh gus coimhead ort nuair a
chanas tu ainm.

Ag èigheach gus d’ aire a tharraing
agus a’ corrghail fhuaimnean cainnte.

A’ gabhail ealla nuair a choimheadas
sibh air leabhar còmhla – airson
greiseag.

A’ feitheamh a cuairt nuair a bhios sibh a’
cluiche còmhla, ma bheir thu ùine dhi.



Air a leasachadh le Leigheas Cainnte is Cànan,
Cùram agus Ionnsachadh



Ciad fhaclean – tha faclean agam a-nis cuideachd Feuch...

Ùine shàmhach airson bruidhinn



- Feumaidh do leanabh do chluinntinn a' bruidhinn.
- Tha e doirbh do chloinn òga èisteachd ri do ghuth nuair a tha tòrr fuaim ann.
- Cuir dheth rudan mar an telebhisean, fònaichean agus ceòl.

Aghaidh ri aghaidh



- Suidh no crùb sìos gus am faic do leanabh thu a' bruidhinn.
- Tha seo ga dhèanamh nas fhasa dhi èisteachd agus atharrais.
- Thoir a-mach an dumaidh. 'S dòcha gu bheil rudeigin aig do leanabh ri ràdh.

Stad agus fuirich



- Fuirich diog no dhà.
- Leig le do leanabh sealltainn dhut dè na rudan anns a bheil ùidh aige.
- Bruidhinn beagan mu dheidhinn.
- Coimhead agus èist a-rithist ach am faic thu dè a nì e.

Dèan atharrais is cleachd faclean ùra



- Cùm na tha thu ag ràdh goirid agus simplidh.
- Can am prìomh fhacal a-rithist agus a-rithist.
- Is urrainn dha do leanabh am facal sin ionnsachadh an uair sin.



Air a leasachadh le Leigheas Cainnte is Cànan,
Cùram agus Ionnsachadh



Ciad fhaclan

– tha faclan agam a-nis cuideachd

'S dòcha gum bi do leanabh...

A' tuigsinn fhaclan is ghnìomhan làitheil.

A' tuigsinn nuair a bhios do ghuth crosta no toilichte.

A' tuigsinn iarrtasan sìmplidh. (me Thoir dhomh teadaidh).

A' cleachdadh beagan fhaclan an toiseach, agus an uair sin ag ionnsachadh tuilleadh.

A' cleachdadh fhaclan mar 'hallò' agus 'tìoraidh'.

A' cleachdadh tòrr fhuaimean, ged nach eil an cainnt an-còmhnaidh soilleir.

A' faighinn d'aire le bhith a' comharrachadh, a' dèanamh fhuaimean agus a' cleachdadh fhaclan.

A' cluiche mas fhìor. (me a' toirt biadh do theadaidh).

A' dèanamh atharrais air na gluasadan is cuid de na faclan agad. (me ann an òrain).



Air a leasachadh le Leigheas Cainnte is Cànan, Cùram agus Ionnsachadh



Faclan còmhla – cùm a' bruidhinn Feuch...

Cluich agus bruidhinn còmhla



- Bithibh spòrsail a' cluiche còmhla.
- Bruidhinn mu na tha sibh a' dèanamh.
- Cùm sìmplidh e.
- Ionnsaichidh do leanabh na faclan an uair sin.

Aghaidh ri aghaidh



- Suidh no crùb sìos gus am bi thu aghaidh ri aghaidh a' bruidhinn ri do leanabh.
- Can na faclan nuair a tha thu a' toirt seachad roghainnean (me A bheil thu ag iarraidh ubhal no peur?)

Stad agus fuirich



- Fuirich... Cunnt gu 10 nad cheann.
- Thoir cothrom dha do leanabh bruidhinn.
- Leig leis bruidhinn mu rud sam bith a thogras e.

Dèan atharrais is cleachd faclan ùra



- Seall gu bheil thu a' tuigsinn le bhith ag ath-aithris faclan do leanaibh gu soilleir.
- Cleachd faclan ùra an àite faighneachd, 'Dè tha siud?' Cuidichidh seo i gus ionnsachadh.



Air a leasachadh le Leigheas Cainnte is Càinain,
Cùram agus Ionnsachadh



Faclan còmhla

– cùm a' bruidhinn

'S dòcha gum bi do leanabh...

A' tuigsinn iarrtasan nas fhaide gun chuideachadh. (me Seall dhomh falt Mamaidh).

A' tuigsinn cuid de dh'fhaclan mar 'mòr' agus 'ann' agus carson a tha cuid de rudan air an cleachdadh. (me Dè a tha thu ag ithe?).

A' tuigsinn cuid de cheistean. (me Dè...?, A bheil...?).

A' cleachdadh sheantansan 2- gu 4-fhaclan agus a' faighneachd 'Dè tha sin?'

Ag ionnsachadh fhaclan ùra.

A' cleachdadh 'p b t d m n h' le fuaimreagan ann am faclan, agus ag ionnsachadh fhuaimean eile.

A' cumail còmhraidh leis na dèideagan aice.

Ag èisteachd ri sgeulachd-dhealbh shìmplidh.

A' stad na tha e a' dèanamh gus èisteachd riut.



Air a leasachadh le Leigheas Cainte is Cànan,
Cùram agus Ionnsachadh



A' bruidhinn còmhla – tha a bhith a' cabadaich leat spòrsail

Feuch...

Cluich agus bruidhinn còmhla



- Bithibh spòrsail a' cluiche a-muigh agus a-staigh.
- Bruidhinn mu na tha sibh a' dèanamh.
- Leig le do leanabh an geama a stiùireadh.
- Dèan atharrais air fhèin uaireannan.

Dèan atharrais agus cleachd faclan ùra




- Èist ri do leanabh.
- Dèan atharrais air na tha i ag ràdh ach anns an dòigh cheart.
- Cuir faclan ris na tha i ag ràdh.

Stad agus fuirich



- Fuirich... cunnt gu 10 nad cheann mus can thu rudeigin eile.
- Uaireannan bheir clann ùine mhòr a' smaoinichadh air na tha iad airson a ràdh.

Bi faiceallach le ceistean



- Tha e nas fheàrr bruidhinn ri do leanabh mu na rudan anns a bheil ùidh aige.
- Chan eil a' mhòr-chuid de cheistean a' teagasg fhaclan ùra, chan eil iad ach a' dèanamh deuchainn. Feuch tòiseachadh le "Saoil..." an àite "Dè..."

A' bruidhinn còmhla

– tha a bhith a' cabadaich leat spòrsail

'S dòcha gum bi do leanabh...

A' tuigsinn iarrtasan nas fhaide, gun chuideachadh. (me Faigh do bhaga agus cuir air a' bhòrd e).

A' tuigsinn barrachd fhaclan a tha a' toirt tuairisgeul no ag innse far a bheil rudeigin. (me salach, ri taobh).

A' tuigsinn barrachd cheistean ann an co-theacsa. (me Càite...?, An urrainn...?).

A' cleachdadh sheantansan anns a bheil co-dhiù 4 faclan, agus ag innse dhut mar a tha e a' faireachdainn.

A' cleachdadh cainnt a tha an ìre mhath fileanta, ach math dh'fhaodte le cuid de dh'fhaclan cliobach.

A' tòiseachadh a' cleachdadh 'c, g, s, f'.

Math dh'fhaodte gum bi 'bh, sp, st, r, l, se, si, ch' doirbh.

A' bruidhinn mu dhealbhanan na faclan fhèin.

A' gabhail com-pàirt a' cluiche.

Ag èisteachd agus a' bruidhinn ri clann eile nuair a tha iad a' cluiche.



Air a leasachadh le Leigheas Cainnte is Cànan,
Cùram agus Ionnsachadh



A' cabadaich a-nis – tha bruidhinn gam chuideachadh ag ionnsachadh

Feuch...

Cluich agus bruidhinn còmhla




- Bithibh spòrsail a' cluiche, a' seinn, agus a' coimhead air leabhraichean còmhla.
- Dèan cinnteach gu bheil na faclan agad inntinneach. Tha seo a' cuideachadh do leanaibh gus èisteachd.

Dèan atharrais agus cleachd faclan ùra




- Nuair a chanas do leanabh "e" no "siud" can am facal a bha i a' ciallachadh. An uair sin can an aon fhacal ann an seantans.

Stad agus fuirich



- Fuirich... Thoir ùine dha do leanabh airson smaoineachadh agus a bheachd innse dhut.
- Faodaidh clann greis mhath a thoirt a' smaoineachadh air na tha iad a' dol a ràdh.

Bi faiceallach le ceistean



- Na faighnich ceistean airson faclan ùra a theagasg. Dìreach can na faclan a-rithist agus a-rithist ann an seantansan eadar-dhealaichte.

A' cabadaich a-nis

– tha bruidhinn gam chuideachadh ag ionnsachadh

'S dòcha gum bi do leanabh...

A' tuigsinn iarrtasan doirbhe gun chuideachadh. (me Thoir ubhal agus forca do theadaidh mòr).

A' tuigsinn tòrr fhaclan a tha a' toirt tuairisgeul no ag innse far a bheil rudeigin. (me fada, air cùlaibh).

A' tuigsinn cheistean nas duilghe. (me Dè a thachair...?, Cò...?).

A' cleachdadh sheantansan fada, ach a' dèanamh mhearachdan fhathast. (me Tuiteam e).

A' cleachdadh fhaclan mar 'mi, i, a, do'.

A' cleachdadh na mòr-chuid de dh'fhuaimnean gu ceart, ach tha cuid fhathast doirbh. (me r, l, se, si, ch).

Ag innse dhut na thachair agus uaireannan na tha a' dol a thachairt.

A' gabhail com-pàirt ann an cluich mas fhìor.

A' tòiseachadh is a' gabhail beagan com-pàirt ann an còmhraidhean.



Air a leasachadh le Leigheas Cainnte is Cànan, Cùram agus Ionnsachadh

